Seoc agus a' chraobh phònair

Air ath-innse le Margaret Nash
Na dealbhan Mik Brown
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR

Caibideil 1

Bha siud ann aon uair boireannach bochd.
Bha aon mhac aice air an robh Seoc.
Cha robh mòran airgid aca, ach bha bò
ruadh aca air an robh Cluaran.

Latha bha siud cha robh criomag bìdh aca a dh'itheadh iad.

"Dè nì sinn?" dh'fhaighnich Seoc.

"Feumaidh sinn Cluaran a reic," thuirt a mhàthair.

Thoir leat i chun a' mhargaidh agus faigh nas urrainn dhut de dh'airgead oirre."

Mar sin dh'fhalbh Seoc an ath latha.
Cha robh e air a dhol fada nuair a thachair cailleach ris.
"Madainn mhath, a Sheoc. Càit a bheil thu a' dol an-diugh?"
"Tha mi a' dol a reic na bà aig a' mhargaidh," thuirt Seoc.
"Ceannaichidh mi fhèin i," ars a' chailleach.
"Dè na bheir sibh dhomh oirre?"
dh'fhaighnich Seoc.
"An toir sibh dhomh còig buinn òir?"





"Bheir mi dhut rudeigin nas fheàrr na còig buinn òir," thuirt a' chailleach agus i a' cumail a-mach a làimhe.

"Tha na còig pònairean seo seunta," thuirt i.

"Bheir mi dhut iad ma thogras tu agus gabhaidh mise a' bhò."

"Bidh còig pònairean seunta cus nas fheàrr na còig buinn òir," arsa Seoc, agus ghabh e na pònairean agus thug e a' bhò dhan chaillich.

"Nach tu bha luath, a Sheoc," ars a
mhàthair nuair a ràinig Seoc dhachaigh.
"Tha mi a' faicinn gun do reic thu a' bhò.
Dè na fhuair thu oirre?"
"Fhuair mi iad seo," thuirt e.
"'S e pònairean seunta a th' annta."
"Amadain chearbaich!" ars a mhàthair.
"Chan eil na pònairean sin seunta
agus chan eil dad againn a-nis!"
Rug i air na pònairean agus shad i
a-mach air an uinneig iad.



Caibideil 2

Cha d' fhuair Seoc suipear an oidhche ud. Chaidh e dhan leabaidh glè acrach, brònach. "Nach mise bha gòrach," thuirt e. An ath latha, nuair a dhùisg e, bha an t-àite uile dorcha. Leum Seoc às an leabaidh agus chaidh e a-null chun na h-uinneig. An sin bha còig craobhan pònair a' fàs suas dhan adhar agus iad a' suaineadh timcheall a chèile. Chuir Seoc a cheann a-mach air an uinneig, ach cha b' urrainn dha mullach na craoibhe pònair fhaicinn.

Chaidh e a-mach dhan ghàrradh, ach fhathast, chan fhaiceadh e mullach na craoibhe.

"A mhàthair, tha mi a' dol a shreap gu mullach na craoibhe pònair," thuirt e.

An sin thòisich e air a' chraoibh phònair a shreap.

Suas, suas chaidh e tro na sgòthan ach fhathast cha robh e a' faicinn a' mhullaich.

Mu dheireadh ràinig Seoc am mullach agus chunnaic e slighe tro na duilleagan.

Cha robh taighean no craobhan ann.
Cha robh e a' cluinntinn fiù eòin.
Cha robh e a' faicinn ach rathad fada
cumhang a' lùbadh a-null agus a-nall.
Lean Seoc an rathad.

Choisich e greis mhòr.
Thàinig e mu
dheireadh thall gu
taigh uabhasach mòr.
GNOG! GNOG! GNOG!
Bhuail e an doras.

Thàinig boireannach àrd chun an dorais.
"Dè tha thu ag iarraidh?" dh'fhaighnich i.
"An toir sibh biadh dhomh, mas e ur toil e?"
arsa Seoc. "Tha an t-acras orm."
"Ò, cha tòir," ars am boireannach.
"'S e fuamhaire a tha san duine agam agus
bidh e ag ithe dhaoine. Bidh e a' tighinn
dhachaigh an ceartuair."
Ach chan fhalbhadh Seoc agus mu
dheireadh thug am boireannach a-steach e
agus thug i aran agus càise dha.

Bha Seoc dìreach deiseil dhe bhiadh nuair a chuala e, BRAG! BRAG! BRAG! Chaidh an taigh air chrith.

"Greas ort," ars am boireannach. "Siud an duine agam. Fhalbh a-steach an siud." Agus dh'fhosgail i doras na h-àmhainn.

Bha am fuamhaire cho àrd ri craobh
agus cho mòr ri bus.
"Fì faidh fò fum,
Fàileadh gille, ium ium."
"Och, na bi gòrach," ars a bhean.
"Fhalbh agus suidh aig a' bhòrd."

Nuair a dh'ith am fuamhaire a dhìnnear chaidh e gu ciste mhòr agus thug e a-mach poca anns an robh buinn òir.
Chunnt e na buinn, agus an uair sin chuir e a cheann air a' bhòrd agus thuit e na chadal.

Cho sàmhach ri luch, ruith Seoc a-mach às an àmhainn, chuir e am poca air a dhruim agus ruith e a-mach às an taigh cho luath 's a b' urrainn dha.
Ruith e a-null air an rathad fhada agus air ais sìos a' chraobh phònair.
"A mhàthair, a mhàthair," dh'èigh e.
"Seallaibh an rud a th' agam."



Caibideil 3

Greis an dèidh sin bha Seoc airson a' chraobh phònair a shreap a rithist. Suas leis, tro na sgòthan agus a-null an rathad lùbach chun an taighe mhòir.

"Dè tha dhìth ort?" dh'fhaighnich am boireannach nuair a dh'fhosgail i an doras.

"Nach do leig mi a-steach thu mu thràth agus theich thu leis an òr againn," thuirt i.

"Cha b' e mise bha sin idir," arsa Seoc, agus leig i a-steach e. Thug i pìos paidh agus siuga bainne dha.

Bha Seoc dìreach deiseil dhe bhiadh nuair a chuala e, BRAG! BRAG! BRAG!
Chaidh an taigh air chrith.
"Greas ort," ars am boireannach.
"Siud an duine agam.
Fhalbh a-steach an siud."
Dh'fhosgail i doras na h-àmhainn dha.
Chòisich am fuamhaire a-steach dhan rùm agus thuirt e,
"**Fì faidh fò fum,**
Fàileadh gille, ium ium."
"Och, na bi gòrach," ars a bhean.
"Fhalbh agus suidh aig a' bhòrd."

Nuair a dh'ith am fuamhaire a dhìnnear dh'iarr e a' chearc sheunta aige.

"Beir!" thuirt am fuamhaire ris a' chirc.

"GOG-GÀG," ars a' chearc, agus rug i ugh òir.

Lean a' chearc oirre a' breith uighean òir gus an do thuit am fuamhaire na chadal le cheann air a' bhòrd.

An uair sin, cho sàmhach ri luch, shreap Seoc a-mach às an àmhainn, chuir e a' chearc fo achlais agus na h-uighean òir na phòcaid.
Cho luath 's a b' urrainn dha ruith e air ais chun na craoibhe pònair.

Sìos, sìos shiubhail e air ais dhan ghàrradh.
Sheall Seoc a' chearc sheunta agus na h-uighean òir dha mhàthair.
"Rinn thu math dhà-rìribh," thuirt a mhàthair.
"Tha sinn beartach a-nis. Glè bheartach."

Caibideil 4

Cha b' fhada gus an robh Seoc airson gu sreapadh e a' chraobh phònair a-rithist.
Suas, suas chaidh e, tro na sgòthan.
An turas seo cha deach e idir gu doras an taighe mhòir. Dh'fhuirich e a-muigh gus an tàinig am boireannach àrd a-mach a dh'iarraidh na nigheadaireachd.
An uair sin fhad 's a bha ise a' cur na nigheadaireachd dhan bhasgaid, ruith Seoc a-steach agus dh'fhalaich e san àmhainn.

Thàinig am boireannach a-steach. Chuir i an nigheadaireachd ri taobh an teine, agus chuir i dìnnear an fhuamhaire air a' bhòrd.

Sa mhionaid sin chuala Seoc,

BRAG! BRAG! BRAG!

Choisich am fuamhaire a-steach dhan rùm agus thuirt e,

"Fì faidh fò fum,

Fàileadh gille, ium ium!

"Bheil?" dh'fhaighnich a bhean.

"Tha gu dearbh," thuirt am fuamhaire.

Choisich am fuamhaire mu
chuairt an rùm.
Ìbh! Ìbh! Ìbh!
Bha e a' faireachdainn
fàileadh Sheoc ach cha b'urrainn
dha a lorg, agus shuidh e aig a' bhòrd.
An dèidh dhan fhuamhaire a dhìnnear
ithe thog e a' chlàrsach òir aige agus chuir
e air a ghlùin i.
"Seinn!" thuirt e ris a' chlàrsaich.
Sheinn a' chlàrsach òrain
a thug air ranaich
agus òrain a thug
gàireachdaich air.
An uair sin sheinn
i òran a chuir am
fuamhaire a
chadal.

An uair sin cho sàmhach ri luch, shreap Seoc a-mach às an àmhainn agus a-null chun a' bhùird. Rug e air a' chlàrsaich agus ruith e chun an dorais, ach dh'èigh a' chlàrsach, "Cuidich mi! Cuidich mi!" Dhùisg am fuamhaire agus ruith e às dèidh Sheoc.

Ruith Seoc cho luath 's a b' urrainn dha fad an rathaid air ais chun na craoibhe pònair, agus a' chlàrsach ag èigheach fad na h-ùine, "Cuidich mi! Cuidich mi!"



Leum Seoc chun na craoibhe pònair.
Leum am fuamhaire chun na craoibhe
pònair cuideachd. Chaidh
a' chraobh air chrith o a mullach
gu a bonn. "A mhàthair!" dh'èigh Seoc.
"Thoiribh a-mach an tuagh!"
Cho luath 's a ràinig Seoc bonn na craoibhe
pònair shad e sìos a' chlàrsach.
Rug e air an tuagh agus le
BRAG! BRAG! BRAG!
thòisich e a' leagail
na craoibhe pònair cho luath
's a b' urrainn dha.
An uair sin ...

CRAIS!
Nuas leis a' chraoibh phònair!
Nuas leis an fhuamhaire!
Siud crìoch an fhuamhaire agus
crìoch na craoibhe pònair.
Ach bha Seoc agus a mhàthair
toilichte agus beartach gu
bràth tuilleadh.
ÒR

Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
IBADAN JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO

© Margaret Nash 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997
A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2005

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004, 2003
10 9 8 7

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha Margaret Nash a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 649 X